

## TURAS DHÒMHSA CHUN NA GALLDACHD

*[trad.arr. Dàimh]*

Hi liu hò ill ò  
Hògaibh ò mo ghaol a' chruinneag  
Hi liu hò ill ò

Turas dhòmhsa chun na Galldachd  
Bha mi call 's cha robh mi buinnig

'S ann a dh' fhaighneachd dhìom mo bhrathair  
Cà na dh' fhàg thu 'n fhichead guinea

Innsidh mi sin dhut an-dràsta  
Ca na dh' fhàg mi h-uile sgilinn

Thug mi guinea air a bhàta  
Thug mi sàbhailt' à Caol Mhuile

Guinea eile 'n Dotair Stiùbhart  
Air eagal mo chliù a mhilleadh

Thug mi tacan falbh na sràidean  
Le tè bhàn na gruaige duinne

Cheannaich mi dhith gùn dhan t-sìoda  
'S na phrìneachan bha ga chumail

Cheannaich mi dhith brògan àrda  
Gus a' sàilean chumail tioram

Cheannaich mi each 's cha b'e dhiù e  
Dh' aindeoin trùp a bh' aig Rìgh Uilleam

Thug mi còrr 's dà ghuinea dheug air  
'S cha b'e fhiach e ach an tuilleadh

Bha e còrr is leth-cheud bliadhna  
'S chumadh e ri fiadh a' mhonaidh

Cheannaich mi srian agus dìollaid  
A bha crìonadh ann an uinneig

Cheannaich mi spuiean 's brògan  
'S cha robh gròt aig Dòmhnall tuilleadh.

